

AN SEANCHAIDH—B'aithne: is e an rìgh a bha ann: bha an crùn air.

AN T-ABA agus AN SAGART (*le chéile*)—An rìgh!

AN SEANCHAIDH—B'e, agus bha a chrùn air a cheann.

AN T-ABA—An do labhair e? An duirt e focal?

AN SEANCHAIDH—Cha duirt. B'ann an sin a thàinig an t-Athar Calum air mo shon.

AN T-ABA—Feumaidh mi a fhaicinn . . . feumaidh . . . feumaidh . . .

AN SAGART—Feumaidh mise a fhaicinn cuideachd.

Théid an t-Aba agus an Sagart a mach an déidh a chéile, An t-Aba an toiseach. Tha an Seanchaidh air a fhàgail leis fhéin. Théid esan sìos air a ghlùinibh, a shùilean dùinte.

AN SEANCHAIDH—Chan fhaic sibh dad. Chan fhaic sibh an rìgh. Cha ruig sibh a leas a dhol a mach. Chunnaic mi fhéin e, ach chan 'eil na stùilean agaibhse.

Fosglaidh an Seanchaidh a shùilean agus chì e nach 'eil an t-Aba no an Sagart ann. Cuiridh an Seanchaidh an sin a anam fo chrois, cuiridh e a làmhan a mach roimhe, agus labhraidh e ris fhéin.

AN SEANCHAIDH—Beannact do rig na h-Alban! Beannact Dé dó! D' imtig sé ar Slige na Fìrinne! Solas na bFlaiteas dó!

Seo an cóigeamh latha deug de an Mhàrt. Thàinig e. Dh'fhalbh e. Nach e seo an latha air an do thuit Ceasar? Cha chreid mi nach e. An cóigeamh latha deug de an Mhàrt. Thàinig an latha. Nach facas an speur anns a' mhadainn buidhe agus dearg? Nach cualas a' ghaoth ag éirigh? Nach robh i gu h-àrd, agus a' séideadh gu cruidh fad an latha? Agus, a nis, nach 'eil i a' dol an lughaidh? Nach 'eil an aimsir a' fàs ciùin? Tha—tha i ciùin—agus bidh i fhathast na's ciùine . . . A Alasdair mac Alasdair 'ic Uilleim 'ic Eanruig 'ic Dhaibhidh 'ic Chaluim . . . A Alasdair mac Alasdair 'ic Uilleim 'ic Eanruig 'ic Dhaibhidh 'ic Chaluim . . .

Thig an t-Aba agus an Sagart a steach a rithist do'n talla mhór, ach seasaidh iad aig an dorus, agus seallaidh iad air an t-Seanchaidh.

Ciod é thubhairt m'athair fhéin air an latha sin, bho chionn faisg air dà fhichead bliadhna, an eaglais Sgàin, an uair a bha an crùn air a chur air ceann Alasdair, agus e 'na leanabh,

an rìgh òg, gun bhith ach ochd bliadhnaichean de aois:

A Rìgh! Idus Martii! Gabh beachd air!
A Rìgh! Idus Martii! Gabh beachd air!

AN T-ABA (*a aghaidh gu bàn agus gun fhuil*)—Agus an e seo féin, an latha an diugh féin, an latha sin? An e seo Idus Martii? *Cave Idus Martias!* Gu dearbh, *cave!*

AN SAGART—Is e. Cha chreid mi nach e, le bhur cead, a Ard-Athair.

AN SEANCHAIDH (*a' dol air a adhart, gu mall*)—

Agus nach robh m'athair còmhla ris an rìgh òg shuas air Dùn Shruibhle, seachdaim no dhà an déidh da làmh an uachdar fhaotainn air Hako agus air an fheachd Lochlannach air Blàr Làirg, agus an rìgh a' coimhead air an dùn mhór, ùr, a bha e aig an ám sin a' togail air Creag Shruibhle, agus air an latha sin, nach duirt m'athair fhéin gu tric rium, nach do sheall an rìgh air an abhainn foidhe, a' toinneamh agus a' tionndadh gu ruig a' mhuir agus an sin nach do chuir an rìgh a aghaidh ris na beanntan móra, fada air falbh anns an Aird an Iar, a' Bheinn Laoimeann, a' Bheinn Mheanbh, a' Bheinn Lidi, a' Bheinn Mhór, agus a' Bheinn Mhùrlaig—air cho gorm agus air cho mór agus a bha iad 'nan seasamh a mach an aghaidh soilleireachd an speura—air cho foillseachail agus a bha an sealladh gu léir—agus an sin nach do mhothaich an rìgh do an abhainn cheudna ud, 'na toinneimh agus 'na tionndaidhean a' tighinn a nuas do ionnsaigh an Dùin bho na beanntaichean sin, agus nach b'ann an sin gun duirt an rìgh ris a' chuideachd a bha a làthair—agus m'athair fhéin ann 'na measg: 'Nach ann mar an abhainn sin a bu chòir duinn an rioghachd agaunn a' riaghadh, bho bheanntaichean na Gàidhealtachd eadhon gu ruig Dùn Eideann?'

Thig Màiri a steach, a' saltairt air corra-biod, agus ihead i air a ghlùinibh ri taobh a sean-athar, agus cuiridh i a làmhan air gualainn an t-Seanchaidh.

Thá Màiri air a sgeadachadh an deise bàn, agus tha a gruag a' tuiteam a nuas thairis air a gualainn.

AN SEANCHAIDH (*a' dol air a adhart*)—agus thàinig m'athair a mach as a' chuideachd agus sheas e fa chomhar an rìgh, agus is e a thuirt e: "A Rìgh Alasdair, aig a bheil sloinneadh a tha a' dol cho fada air ais ri Fearghas mac Arcaith 'ic Chonghail 'ic Fhearghais 'ic Fhionnghail nam Buadh, éisid riumsa, ma is e bhur toil rioghail e. Dèanaibh cho maith agus as urrainn duibh am feadh agus a tha sibh beò, oir cha tig mac no duine cloinne agaibh as bhur déidh ach